

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**26/5/21, 1000-1330**

**Zoom**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:                   Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair)      Iain Mac a' Mhaoilein  
                              Marion Nic na Ceàrdaich                              Ailean Dòmhnallach (mar neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                          Nevil Lee [NL] (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
                          Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
                          Nicola Pearson [NP] (Cunntasair)  
                          Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair:           Ealasaid Dhòmhnallach, Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh  
                              (airson puingeon 13-deireadh)  
                              Eunice McAdam, Saffrey Champness (airson puingeon 13-deireadh)

**1.      Leisgeulan**

1.1     Ceit-Anna NicLeòid.

**2.      Gnothaichean Dearbhte**

2.1     Cha robh gin.

**3.      Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (24/2/21)**

3.1     Molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingichte le Iain Mac a' Mhaoilein.

**4.      Gnothaichean ag èirigh**

4.1     Comharraichte.

4.2     Bithear a' coimhead ri na Riaghailtean Ionmhasail agus Sgeama Tiomnachaidh san ùine tha romhainn agus thèid iad sin, a thuilleadh air poileasaidhean eile, a chuirteachadh air buill tro phròiseas sgrìobhte. [\(MAMI\)](#)

## 5. Riosg

### a) Clàr nan Riosgan (clàr àbhaisteach agus clàr mu Covid-19)

### b) Toraidhean an suirbhidh air riosg

- 5.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus b' e na prìomh phuingeann còmhraidh:
- 5.2 A thaobh Covid-19 agus tilleadh chun àite-obrach: 1) tha an luchd-obrach air cumail fiosraichte tro co-chomhairle, suirbhidhean, coinneamhan agus buidhnean in-thaigh ach nach eil cabhag ann tilleadh oir thathas a' coimhead ris an togalach a dhèanamh freagarrach airson dòighean-obrach ùra; agus 2) thèid beachdachadh air an dòigh as fheàrr coimhead ris a' cheist a thaobh cò den luchd-obrach a fhuair banachdach, taobh a-staigh riaghailtean GDPR.
- 5.3 #13- bu chòir seo àrdachadh gu co-dhiù buidhe ri linn Pàrlamaid ur na h-Alba agus dùbhlain airson a' BhBC.
- 5.4 #15 – thèid briathrachas seo atharrachadh gus a dhèanamh nas fharsainge na TBh Gàidhlig a-mhàin, mar eisimpleir pròiseactan ioma-phàirteach leithid SpeakGaelic
- 5.5 #17 – thèid coimhead ri briathrachas atharrachadh gus toraidhean an taghaidh a dhèanamh soilleir.
- 5.6 #19 and #18 – tha iad seo fìor chudromach agus feumar a dheasbad aig ìre bùird
- 5.7 Dh'innis DC gur iad na h-uallaichean as motha a th' air a' bhuidheann: ) a bhith an eisimeil bhuidhnean treas phàrtaidh gus cùisean riatanach a thoirt gu buil; b) luchd-obrach deatamach a bhith a' fulaing ri linn cus obrach gus na nithean a choileanadh me rè an t-Samhraidh agus c) nach eil goireasan aig a' bhuidheann pìosan deatamach den Lèirsinn a choileanadh san ùine a bu mhiann. Chaidh aontachadh gu feumar na rudan seo a bhith air an comharrachadh ann an dearg.
- 5.8 **Co-dhùnadh:** 1) chaidh toraidhean an suirbhidh riosg a chomharrachadh agus thèid cuid a phuingeann a chuir ri clàr gnìomh an Sgioba Àrd-stiùiridh; 2) bha buill riarachta leis mar a bhathas a' làimhseachadh nan cunnartan ach bha aithne ann gu robh tòrr nithean obrachaidh/dàimheil air cùlaibh gach riosg agus gu bheil e deatamach gu bheil fiosrachadh aig a' Bhòrd mu na dùbhlain a tha mu choinneamh an Sgioba Àrd-stiùiridh.
- 5.9 **Gnìomhan:** 1) thèid na h-atharraichean gu h-àrd an cuir an cèill mus tèid pàipear air beulaibh a' Bhùird san Ògmhios. (**Gnìomh: DMD**)

## 6. Pasgan Cunntasachd Q4 2020-21

- 6.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

- 6.2 Bha buill den bheachd gu robh an dòigh-taisbeanadh a bha a-nis air a' phasgan feumail agus bha iad mothachail gu robh leasachadh gu bhith a' tachairt gus a' phasgan a ghiorrachadh ann am fòrmat ùr.
- 6.3 Chaidh innse gu robh am buidheann a' coimhead ri dòighean as urrainnear airgead a bharrachd a dhèanamh gu coimearsalta ged nach robh na cothroman cho mòr ri sin.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu robh am pasgan nas soilleir a thuigsinn ach thèid an tuilleadh obrach, le ball a' bhùird, a dhèanamh gus cùisean a shìmpleachadh buileach. (NL)

## 7. KPIs/Dashboard

- 7.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 7.2 Ged nach robh e a' nochdadh mar KPI chaidh obair ionmholta na buidhne, le àireamh beag de luchd-obrach, a chomharrachadh.
- 7.3 Thèid coimhead ri modh-obrach tomhais nas èifeachdaich a chuir an sàs a thaobh a bhith a' measadh àireamhan co-cheangailte ri na meadhanan sòisealta.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 7.5 **Gnìomhan:** 1) thèid Clàr na 10 Prìomh KPIs air adhart gu coinneamh a' Bhùird (DMD)

## 8. Gnothaichean Riaghlaidh na Comataidh

- 8.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2020-21 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2021/22 air beulaibh bhall.
- 8.2 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh – bha buill riarachtaichte; Fèin-mheasadh - an ath-bhliadhna, thèid coimhead ris gus 1) sùil a thoirt air gach ceist agus na thathas a' cur mu choinneamh a thaobh àireamh agus 2) an dèidh gach bhall am fèin-mheasadh a lìonadh thèid coinneamh a chumail den Chomataidh gus còmhradh neo-fhoirmeil a chumail; Clàr-obrach na Comataidh – bha buill riarachtaichte.
- 8.3 Bha iarrtas ann airson soilleireachadh, aig àm air choireigin, air ciamar a bha a' Chomataidh a' dearbhadh gu robhas a' measadh luach an airgid.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.
- 8.5 **Gnìomhan:** 1) thèid siostaman measaidh luach an airgid air clàr-obrach na Comataidh; agus 2) thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 15/6/21. (MAMI)

## 9. Ùrachadh den t-siostam ionmhasail

- 9.1 Bha pàipear agus taisbeanadh air beulaibh bhall agus bhruidhinn NL mu dheidhinn.

- 9.2 Chaidh tòrr atharrachaidhean agus leasachadh a dhèanamh air an t-siostam ionmhais bho 1/3/21 agus chaidh iad sin a dheasbad agus aontachadh le Cathraiche na Comataidh.
- 9.3 Bha aonta nam ball dha shireadh airson dà rud co-cheangailte agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.4 **Co-dhùnadh:** 1) dh'aontaich buill bho seo a-mach gum biodh cosgaisean siubhail agus bith-beò àbhaisteach luchd-obrach gan aontachadh leis an Roinn Ionmhais ach nuair a bhiodh ceist sònraichte ann gum tigeadh sin air beulaibh manaidsear-loidhne agus 2) leanaidh obair, le aona bhall a' toirt taic, air coltas na cunntasan a bhios a' nochdadh air beulaibh na Comataidh.
- 9.5 **Gnìomhan:** 1) thèid Riaghailtean Ionmhasail na buidhne atharrachadh a' toirt fainear do phuing 9.4 agus 2) leanaidh obair air coltas na cunntasan. (NL)

## 10. Frèama-obrach Dearbhaidh

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn NL mu deidhinn.
- 10.2 Bha aonta na Comataidh dha shireadh gus leasachadh a dhèanamh air a' mhodal a bh' air beulaibh bhall gus am biodh e a' dol an sàs san dàrna leth de 2021/22 agus gun tigeadh aona bhall air buidhnean a bha a' coimhead ris gus comhairle a thoirt air a' phròiseas gus riosgan a làimhseachadh gu ro-ghnìomhach.
- 10.3 Chaidh ceist a chuir a thaobh ciamar a bhiodh seo a' bualadh air obair na Buidhne Riosg Chorporra. Chaidh a ràdh gum biodh am buidheann seo mar 'loidhne teàrainteachd' san t-siostam taobh a-staigh modh-obrach structaraichte.
- 10.4 Chaidh aithneachadh gu bheil clàr nan riosgan mar inneal ach gu bheil e cudromach gu bheil sealladh nas fharsaing a choimheadas timcheall air an sin.
- 10.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu leanadh obair air an seo.
- 10.6 **Gnìomh:** 1) obrachaidh Marion Nic na Ceàrdaich agus NL còmhla ann a bhith a' leasachadh am frèama-obrach dearbhaidh airson aonta na Comataidh aig an ath choinneamh. (NL)

## 11. Ullachaidhean sgrùdaidh

### a) Sgrùdadh in-thaigh airson 2021/22

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn NL mu dheidhinn.
- 11.2 Bha roghainnean air beulaibh bhall a thaobh sgrùdadh in-thaigh airson 2021/22 agus chaidh deasbad a chumail le Cathraiche na Comataidh ron choinneamh far an deach co-dhùnadh a dhèanamh gur e *Procurement Compliance* am fear a b' èifeachdach airson an àm seo ri linn

riosg cliù na buidhne agus na h-atharrachaidhean a bha an-dràsta a' tachairt le siostaman ionmhais na buidhne.

- 11.3 Chaidh aontachadh tagradh a sgrìobhadh airson a dhol a-mach gu tagradh airson na seirbheis agus nach biodh e iomchaidh iarraidh air luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh a bhith a' cur a-steach airson na h-obrach gus an cuid neo-eisimeileach a dhìon.
- 11.4 Chaidh aontachadh gum biodh Frèam-obrach Dearbhaidh a' treòrachadh na buidhne air an àite a bhiodh aig in-sgrùdadh a' dol air adhart, agus gu faodadh roghainnean a bhith ann air dè seòrsa seirbheis in-sgrùdaidh a b' fheumaile agus ciamar a dheigheadh a libhrigeadh.
- 11.5 **Gnìomhan:** 1) thèid in-sgrùdadh 2021/22 a-mach gu tairgse; 2) thèid roghainnean airson in-sgrùdadh airson 2022/23 air adhart a chuir fa chomhair na Comataidh nuair a dheigheadh an ath phàipear mu Mhapa Dearbhaidh a chur mu choinneimh na Comataidh. (NL)

#### **b) Ath Cuir an sàs (re-engagement) an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh**

- 11.6 Chaidh Saffery Champness ainmeachadh mar luchd-sgrùdaidh MG ALBA ann an 2018 agus rinn sinn a' chiad sgrùdadh air na cunntasan againn an toiseach airson na bliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018. Bha a' chiad chùmhnannt airson trì bliadhna le cothrom air leudachadh airson dà bhliadhna eile às aonais an fheum an ath chuir an sàs. Tha coileanadh agus cosgais Saffery Champness air a bhith riarachail thar na trì bliadhna an toiseach agus bha moladh air beulaibh bhall an cùmhnannt a leudachadh airson ùine eile dà bhliadhna fo ùmhlachd a) aonta na comataidh; b) co-dhùnadh riarachail den sgrùdadh airson 2020-21, agus c) rèiteachaidhean malairteach iomchaidh gan cur an sàs airson 2021-22 agus 2022-23
- 11.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachailte le seo.
- 11.8 **Gnìomh:** thèid seo air beulaibh a' Bhùird airson aonta (NL)

## **12. HR**

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh air gnothaichean cùisean luchd-obrach airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021.
- 12.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachailte.

## **13. Cunntasan Reachdail 2020/21**

- 13.1 Bhruidhinn NL mu na cunntasan a bh' air beulaibh bhall, a' mìneachadh gun deach sgrùdadh an luchd-sgrùdaidh a dhèanamh am-bliadhna a-rithist aig astair agus gun deach cùisean gu math.

- 13.2 Cha robh atharrachaidhean mòra air a bhith ann an ìrean cunntasachd. B' e a' chùis as cudromaiche a chaidh a dheasbad agus fhuasgladh rè an sgrùdaidh co-cheangailte ri Speak Gaelic, agus bha buill riarachtaichte.
- 13.3 Chaidh puing a thogail gu robh na poileasaidhean cunntasachd againn a' toirt iomradh air "leasachadh" agus gu robh diofar chiall air an fhacal a tha sin, agus gum biodh e feumail ath-sgrìobhadh a dhèanamh air a' phìos a bha a' buntainn ri leasachadh SpeakGaelic. Chaidh aontachadh gun deidheadh cruth nas freagarraiche de fhaclan a lorg gus cur às do mhì-chinnt sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** mhol a' Chomataidh na cunntasan chun bhùird.
- 13.5 **Gnìomhan:** thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a' bhùird air 15/6/21 airson aonta. [\(NL\)](#)

#### **14. Aithisg an Luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh**

- 14.1 Bha pàipear agus aithisg air beulaibh bhall agus thug an neach-sgrùdaidh iomradh air.
- 14.2 Chaidh innse gun deach am pròiseas sgrùdaidh gu math rèidh. Bha gnothach leantainneach/bun chùis a tha a' dol fhathast ri dhèanamh mar a bha an litir riochdachaidh agus gun deigheadh sgioblachadh a dhèanamh air cùisean. A thuilleadh air an sin, bha an luchd-sgrùdaidh toilichte leis na h-àireamhan agus gun robh iad a' riochdachadh sealladh fìor is cothromach de staid MG ALBA aig 31 Màrt 2021.
- 14.3 Chaidh an neach-sgrùdaidh tro aithisg an luchd-sgrùdaidh a' tarraing ar diofar phuingeann anns an aithisg. San fharsaingeachd chaidh a h-uile càil mar bu chòir agus cha deach draghan sam bith a thogail.
- 14.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 14.5 **Gnìomh:** thèid am pàipear air beulaibh a' bhùird air 15/6/21. [\(NL\)](#)

#### **15. Aithisg Bhliadhnail MG ALBA 2020/21**

- 15.1 Bha pàipear agus teacsa na h-aithisg air beulaibh bhall.
- 15.2 **Co-dhùnadh:** Bha buill riarachtaichte
- 15.3 **Gnìomh:** thèid a chuirteachadh air na buill air fad agus an uair sin thèid e air beulaibh a' Bhùird airson aonta air 15/6/21.

#### **16. Fiosrachadh foillseachaidh bhuidhnean poblach**

- 16.1 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 16.2 **Gnìomh:** thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. [\(MAMI\)](#)

**17. GISBE**

Cha robh gin.

**18. Deit na h-ath choinneimh – 15/9/21**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: